

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm: 09 Dàmhair 2025 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Bùird an làthair:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]

Dòmhnall K Mac a' Phì (DKM)

John Neil Dòmhnallach (JND)

Seonaidh Charity (SC)

Rob Dunbar (RD)

Stewart MacLeòid (StML)

Michelle NicLeòid (MNL)

An làthair:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail (ED)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra (NP)

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND)

Leisgeulan:

Rob Dunbar (RD)

1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

SC – Stòrlann , Comhairle nan Leabhraichean, Foghlam Alba, Comhairle na Gàidhealtachd

MNL – Theatre gu Leòr

DKM – Comunn na Gàidhlig

JNM – Ceòlas

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Plana Corporra is Coileanadh

2.1. Aithisg air PCCan a' Phlana Corporra 2023-28

Thug IMM iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear. Mhol e gum faic Buill seo gach dàrna coinneamh agus bha na Buill riarachtaichte leis a' mholadh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg agus dh'aontaich iad gun tèid am pàipear seo atharrachadh gach dàrna coinneamh den Bhòrd-stiùiridh.

2.2. Aithisg air adhartas le Planaichean Coimhearsnachd

Thug IMM fios gun robh uallach bhon Phlana Cànain Nàiseanta gun tèid adhartas a dhèanamh air trì Planaichean Coimhearsnachd agus gun robh Bòrd na Gàidhlig air taic a thoirt do dhà sgrìre airson an obair a tha a dhìth airson na Planaichean seo a chur ri chèile. Chaidh adhartas mòr a dèanamh leis na planaichean seo agus chaidh iad airson co-chomhairle tron t-Samhradh 2025. Thug e gu aire nam Ball gun deach barrachd fiosrachadh a chur ris na Planaichean bhon turas mu dheireadh a chaidh an taisbeanadh dhaibh.

Dh'iarr Buill tuilleadh fiosrachadh air cruth nan co-chomhairleachaidhean phoblach agus thug IMM am fhiosrachadh seo dhaibh.

Dh'fhaighnich Buill ciamar a chuireamaid ìmpidh air buidhnean aithisgean adhartais a chur gu BnG agus thug IMM fios gu bheil an t-uallach seo air BnG, an roinn phoblach agus na buidhnean Gàidhlig.

Shoilleirich IMM gu bheil a' sireadh aonta aig àrd-ìre agus gum bi obair nas mionaidiche ann an uair sin air gnìomhan nam Planaichean agus air ciamar a thig adhartas bho na gnìomhan.

Dh'fhaighnich Buill a bheil maoinachadh a bharrachd ann airson na planaichean seo a chur an gnìomh. Thug ED beachd air na dòighean fianais fhaighinn bho na coimhearsnachdan air far a bheil maoinachadh a dhìth agus gu bheil mothachail air cho cudromach 's a tha an suidheachadh timcheall air maoinachadh air na planaichean seo agus na dùbhlain a tha tighinn còmhla ri seo.

Thug IMM fa-near do na h-adhbharan a dh'fhaodadh daoine fhàgail mì-chofhurtail agus gu bheilear gu math mothachail orra seo.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill gun robh freagairt fhoirmeil a dhìth chun an dà Choimhearsnachd agus gum biodh na h-aithisgean adhartais air Planaichean Coimhearsnachd gan taisbeanadh don Bhòrd-stiùiridh.

2.3. Foghlam & Ionnsachadh

Thug an Ceannard iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear.

Mhol Buill gu bheil cothrom mòr le preantasachdan a thaobh cùram-cloinne a bheireadh buaidh mhòr air ro-innleachd 0-3.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

3. Ionmhas

3.1. Aithisg Ionmhais

Thug NP fios gu bheilear an dùil am buidseat bliadhnaile iomlan a chosg agus gun robh £46k a bharrachd de thabhartas-gus-cuideachadh ann agus gun tèid seo dìreach gu Stòrlann.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg Ionmhais.

3.2. Riaghladh Ionmhais

Thug NP fios gun robh am pàipear seo a' dèanamh ath-sgrùdadh air an Riaghladh Ionmhais a tha an gnìomh agus nach robh atharraichean sam bith air a bhith ann.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

3.3. Taic Freumhan Coimhearsnachd 2026-28

Thug IMM iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear agus chur e cudrom air na puingean as motha.

Dh'fhaighnich Buill dè cho tric 's a bhiodh neach fa-leth a' tighinn do BhnG airson taic a shireadh. Thug IMM fios air seo agus mar a dhèiligear ri suideachadh de leithid agus mar a nithear measadh air an iarrtas aca. Chaidh beachdachadh air buannachdan an comas ris na duilgheadasan.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill gum bi sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd air a ruith a rèir nam prìomhachasan is riaghailtean a bha air an cur an cèill sa phàipear.

3.4. Adhartais nam Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh

Thug IMM fios as ùr do Bhuill air adhartas nam Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh. Bhon a chaidh an sgeama atharrachadh agus maoinachadh còig bliadhna a thoirt dhaibh thathar ag iarraidh barrachd fiosrachadh bhuapa agus thugadh fios air adhartais leis na buidhnean.

Thog Buill ceist mu ghoireasan BnG a thèid a chleachdadh gus measadh air adhartais a dhèanamh. Thug IMM beachdan air na thathar a' dèanamh airson a bhith nas èifeachdaiche san obair agus fios nach eil fios air na dleasan ùra bhon achd ach gu bheilear gu math mothachail gum bi seo a' tighinn agus gum bithear a' cumail fios ris a' Bhòrd-stiùiridh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

3.5. Aonta Frèam-obrach

Thug an Ceannard fios gur e pàipear bliadhnail a tha seo agus gu bheilear a' moladh gum bi ath-sgrùdadh air an aonta frèam-obrach a rèir cur an gnìomh achd ùr. Cumaidh an Sgioba-stiùiridh fios ris a' Bhòrd-stiùiridh mun obair seo.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear agus dh'aontaich iad ris a' mholadh mu ath-sgrùdadh a dhèanamh air an Aonta Frèam-obrach a rèir cur an gnìomh Achd nan Cànan Albannach.

4. Rianachd Mhì-chinntean

4.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail

Thug NP fios do Bhuill air atharraichean sam bith a chaidh a dhèanamh bhon turas mu dheireadh a chaidh a thaisbeanadh do Bhuill agus mu mhì-chinntean ùra a chaidh a chur ris san àm seo. Chaidh na h-atharraichean aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd san t-Sultain 2025.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na molaidhean sa phàipear agus ris a' chlàr mhì-chinntean.

5. Cùisean Corporra

5.1. Conaltradh le Luchd-ùidh

Thug an Ceannard iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear agus thug i fios mu dheidhinn an fhiosrachaidh a bhios a' dol do na Buill taobh a-muigh coinneamhan gus cothrom a thoirt dhaibh faicinn dè tha dol.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

6. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

6.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

Feumar na h-atharraichean a chaidh aontachadh aig na coinneimh seo a thoirt a steach agus bidh seo air ùrachadh ron ath choinneimh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Obrach.

7. GISBE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 11/12/2025

Deireadh an t-Seisein